

# Làithean-saora na Càisge 2019

Dùbhlán Matamaig an Leas Phrìomh Mhinisteir




The Scottish  
Mathematical  
Council



Scottish Government  
Riaghaltas na h-Alba  
gov.scot

# Dùbhlán 1 – Coineanaich na Càisge agus Iseanan



a) Tha 18 coineanaich agus 14 iseanan ann an achadh. Cia mheud cas a th' ann uile gu lèir?

b) Tha cuideachd coineanaich agus iseanan san ath achadh.


Tha Eilidh a' cunntais cia mheud ceann a tha i a' faicinn agus a' faighinn 40.

Tha Dipag a' cunntais cia mheud cas a th' ann uile gu lèir agus a' faighinn 106.

Cia mheud coineanach a th' ann?

Dèan dùbhlán eile thu fhèin agus feuch e air do theaghlach.

# Dùbhlán 2 – Lìbhrigeadh Eadar-nàiseanta



Tha Coineanach na Càisge a' cur uighean Càisge do chlànn air feadh an t-saoghail! Gu fortanach, tha sgioba de luchd-cuideachaidh aige anns gach dùthaich.

Bidh Coineanach na Càisge a' toirt seachad na h-uighean aige ann an Heidelberg sa Ghearmailt aig 10m agus tha e airson gun toir an luchd-cuideachaidh seachad na h-uighean acasan aig an aon uair. Ach tha trioblaid ann! Tha an uair diofraichte ann an diofar dùthchannan! Tha an clàr a' sealltainn an uair anns gach dùthaich an coimeas ri Heidelberg. Mar eisimpleir, tha Astràilia 9 uairean air thoiseach air Heidelberg (+9 air a' chlàr) agus tha Argentina 5 uairean air dheireadh (-5 air a' chlàr).

Argentina	-5	Iran	+2½
Astràilia	+9	Iapan	+8
Brasil	-4	Ceinia	+2
Siona	+7	Meagsago	-7
An Danmhairg	0	Neapal	+4¾
An Èipheit	+1	Pagastan	+4
Fidsih	+11	Samoa	+12
Alba	-1	Thailand	+6
Na h-Innseachan	+4½	Na Stàitean Aonaichte	-6

a) Cuin a tha còir aca na h-uighean a thoirt seachad ann an:

(1) Cairo, An Èipheit

(2) Tokyo, Iapan

(3) Dùn Èideann, Alba

(4) Washington DC, Na Stàitean Aonaichte

(5) Delhi, Na h-Innseachan

(6) Kathmandu, Neapal

b) Ma tha e 6m ann am Baile Meagsago, dè an uair a tha e ann am Beijing, Siona?

c) Ma tha e meadhan latha ann an Nairobi, Ceinia, dè an uair a tha e ann am Buenos Aires, Argentina?

# Dùbhlán 3 – A’ Lorg Bhiastagan


Clàr-iùil




**Meanbh-fhrìdean gun sgiathan**  
Blastagan le 6 casan gun sgiathan mar seingain agus daolagan



**Meanbh-fhrìdean le sgiathan**  
Blastagan le 6 casan agus sgiathan mar seilleanan, speachan, dealain-dè agus cuileagan



**Arachniodan**  
Blastagan le 8 casan mar damhain-allaidh agus gartain



**Myriapodan**  
Blastagan le paidhir antennae, bodhaig le iomadh earrann agus iomadh cas mar ceud-chasaich agus bratagan



**Annelidan**  
Blastagan le bodhaig bog le iomadh earrann mar bhoiteagan agus seilcheagan

'S e deagh àm a th' ann an làithean-saora na Càisge airson a dhol a lorg bhiastagan! Tha iomadh àite far am faic thu blastagan – fo chlachan agus logaichean, san adhar, ann an craobhan... cùm nota de na diofar seòrsaichean bhiastagan a chì sibh sa chlàr gu h-ìosal agus dè an seòrsa aimsir a bh' ann gach latha.


Àireamh de mheanbh-bhiastagan						
Seòrsa meanbh-bhiast	Latha 1 Deit:	Latha 2 Deit:	Latha 3 Deit:	Latha 4 Deit:	Latha 5 Deit:	
	Meanbh-fhrìdean gun sgiathan					
	Meanbh-fhrìdean le sgiathan					
	Arachniodan					
	Myriapodan					
	Annelidan					

Cuiribh cearcall mun cuairt an seòrsa aimsir a bh' ann gach latha.

Latha 1	Latha 2	Latha 3	Latha 4	Latha 5

## A' Lorg Bhiastagan – Graf

Cuir am fiosrachadh air a' ghraf gu h-ìosal. Cleachd na dathan dearg, orains, gorm, uaine agus buidhe, a-rèir an clàr-iùil gu h-àrd.



A' cleachdadh an graf agad agus an clàr den aimsir, freagair na ceistean seo air pìos pàipeir eile.







- Dè an seòrsa aimsir a bha e nas coltaiche meanbh-fhrìdean le sgiathan fhaicinn?
- Dè an seòrsa aimsir a bha e nas coltaiche meanbh-fhrìdean gun sgiathan fhaicinn?
- Dè na seòrsaichean blastagan a bha e nas coltaiche fhaicinn air làithean le uisge trom?
- An do dh' aithnich thu rud sam bith eile mu dheidhinn an graf agad?

Mura faigh thu an cothrom blastagan a chunntais, faodaidh tu fhaicinn air a' bhlog cia mhead a fhuair sinne agus na h-àireamhan seo a chleachdadh airson an graf agad! [blogs.gov.scot/making-maths-count/](https://blogs.gov.scot/making-maths-count/)

## Dùbhlán 4 – Bogsaichean Uighean Càisge

Chi sinn matamataig sa h-uile àite mun cuairt òirnn agus 's iad cruthan agus cumaidhean aon dòigh a chi sinn seo. Faodaidh sinn seo fhaicinn ann an cruthan nam bogsaichean airson uighean Càisge.

An urrainn dhut na cruthan 3D ainmeachadh agus dealbh a dhèanamh orra airson gach lìon sa chlàr? Nuair a tha thu air seo a dhèanamh, coimhead airson na cruthan seo mun cuairt ort – dh'fhaodadh tu am faicinn nad dhachaigh, sna togalaichean nad choimhearsnachd, neo ann an nàdar a-muigh sa phàirc. Tha sinn air a' chiad fhear a dhèanamh dhut.

Lìon					
Ainm a' chruth 3D	Priosam triantanach				
Dealbh den chruth 3D					
Càite am faic thu na cruthan seo?					

Airson dùbhlán nas duilghe, feuch ri innse cia mheud aodann, bheartaigs agus oir a tha aig gach cruth.

Aodannan (gach aodann còmhnard)					
Oirean (eadar gach aodann)					
Bheartaigsean (oiseanan)					

## Air a thoirt seachad do sgoilearan clas 6 ann an Alba airson spòrs matamataig leis an teaghlach aig làithean-saora na Càisge.

Air a leasachadh le **Riaghaltas na h-Alba** agus **Comhairle Matamataig na h-Alba**.

Bidh sinn a' foillseachadh na h-àireamhan de bhiastagan a fhuair sinne airson dùbhlain 3 air **25 Màrt 2019**, le freagairtean airson na dùbhlain air fad bho **16 Giblean 2019**.

Gheibh thu iad seo aig [blogs.gov.scot/making-maths-count](https://blogs.gov.scot/making-maths-count)

### Pàrantan agus luchd-cùraim

Thèid gu Parentzone Alba

[www.education.gov.scot/parentzone](http://www.education.gov.scot/parentzone)

agus

Parent Club [www.parentclub.scot](http://www.parentclub.scot) airson dòighean eile spòrs a bhith gaibh le matamataig agus àireamhachd.

### Dè as urrainn dhut dèanamh mar phàrant neo neach-cùraim

- Cluich geamannan-bùird! Tha matamataig an lùib iomadh geama: dh'fhaodadh seo a bhith a' cunntais cèarnagan, a' lorg sreathan, a' gluasad gu diofar thaobhannan, a' rannsachadh coltachd le bhith a' roiligidh disnean neo a' dèiligeadh chairtean, agus a' leantail loidig agus riaghailtean.
- Cluich tòimhseachain agus geamannan a chleachdas tòimhseachain. Mar eisimpleir, Neoinithan agus Croisean, Guess Who?, Sudoku, Dominothan, Battleships, Dotaichean agus Bogsaichean agus Tàileasg. Tha iad seo a' cleachdadh smaoineachadh ro-innleachdail, a' fuasgladh cheistean, agus planadh, a bharrachd air na sgilean eile gu h-àrd.
- Bheir clann a-steach do ghnìomhan a tha a' cleachdadh matamataig. Mar eisimpleir, tha còcaireachd gu tric ag iarraidh uireadan agus tomhas a bharrachd air cumaidhean, uairichean agus teòthachdan. Nuair a tha thu a' dol dhan bhùth tha thu a' faicinn prìsean, a' cunntais airgead agus a' coimhead air dè an uair a tha e.
- Dèan tuairmse air rudan a chuir còmhla: “Saoil cia mheud ceum a th' ann an seo?”
- Planaig turasan còmhla, a' coimhead air mapaichean agus clàraichean-àma, agus bruidhinn mu dheidhinn astaran.
- Bruidhinn mu dheidhinn matamataig ann an dòigh a tha a' sealltainn gur toigh leat e, agus mar sin smaoinichidh ur pàiste mar sin cuideachd!